

# 2640/406

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2011

DIMÀIRT 10 AN CÈITEAN  
1.00 M – 3.00 M

NUADH EÒLAS  
AN ÌRE CHOITCHEANN  
SÀR ÌRE

- 1 Leugh gach ceist gu faicealleach.
- 2 Freagair gach ceist cho h-iomlan sa 's urrainn dhut.
- 3 Mura h-urrainn dhut ceist a fhreagairt, theid air adhart chun an ath cheist agus till thuige a-rithist.
- 4 Ann an ceist 3, freagair **aon** earrann a-mhàin; earrann A air na SA, no earrann B air Sìona.
- 5 Sgriobh do fhreagairt san leabhar a chaidh a thoirt dhut. Seall, gu soilleir, air taobh clì na duilleige, an earrann agus a' cheist a tha thu a' freagairt. Na sgriobh idir air oir dheis na duilleige.



**[DUILLEAG FHALAMH]**

# EARRANN 1—A' FUIREACH ANN AN DEAMOCRASAIDH

## CEIST 1

(a) Tagh **aon** de na siostaman taghaidh a leanas.

<p><b>Bhòt Shingilte Ghluasadach</b> Air a chleachdadh ann an taghaidhean Chomhairlean Ionadail na h-Alba</p> 	<p><b>Ball a Bharrachd</b> Air a chleachdadh ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba</p> 
<p><b>Bhòtaichean as Motha</b> Air a chleachdadh ann an taghaidhean san RA</p> 	<p><b>Liosta Sgìreil</b> Air a chleachdadh ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Eòrpa</p> 


Mìnich, **gu mionaideach**, na **buannachdan** agus na **h-eas-bhuannachdan** a tha a' tighinn an cois an siostam a thagh thu.

(Eòlas & Tuigse, 8 comharra)


[Tionndaidh an duilleag

## CEIST 1 (A' LEANTAINN)

- (b) Thoir sùil mhionaideach air am fiosrachadh anns a' bheileig, "Aonaodhean Ciùird fon Phrosbaig" a tha gu h-iosal agus air an duilleag mu choinneimh, agus freagair na ceistean a leanas.



### Aonaidhean Ciùird fon Phrosbaig



#### Toiseach Tòiseachaidh

Tha "Aonaidhean Ciùird fon Phrosbaig" a' toirt dhuinn tuigse air Aonaidhean Ciùird ann am Breatainn an-diugh. Tha Aonaidhean Ciùird an sàs ann a bhith a' feuchainn ri pàigheadh agus suidheachadh obrach nas fhèarr fhaighinn do luchd obrach na dùthcha. A bharrachd air seo, tha iad a' feuchainn ris an àireamh de dhaoine a tha as aonais obrach a lùghdachadh.

#### Ballrachd nan aonadh ann am Breatainn


Tha còrr air 6·7 millean ball aig aonaidhean ann am Breatainn an-diugh. Tha lùghdachadh de 42% air tighinn air an àireamh seo bho 1979, nuair a bha ballrachd nan aonadh aig an ire a b'airde, le 13·2 milean ball. Thathar an dùil gun tig lùghdachadh a bharrachd air ballrachd sam àm ri teachd. Sna bliadhnaichean a dh'fhalbh, bha ballrachd nan aonadh laidir am measg ghniomhachasan traidiseasnta, leithid mèinnearachd, cuairidheachd, agus am measg luchd-obrach ann an seirbheisean leithid gas, dealan agus uisge.

	%	% atharrachadh bho 1998
Rianachdan Poblach	56	-4·5
Foghlam	54	+1·0
Seirbheisean/Goireasan	42	-14·6
Slàinte & Seirbheisean sòisealta	41	-5·9
Còmhail & Conaltradh	39	-3·6
Dèanamh Stuthan	21	-9·5
Mèinnearachd & Cuairidheachd	18	-10·4
Togail	14	-5·8
Reic & gnìomhachas charbaidean rathaid	12	+0·9
Tuathchanas fearainn, Coilltearachd & Iasgach	7	-6·0
Taighean-òsta & Taighean bìdhe	5	-1·3

## CEIST 1 (b) (A' LEANTAINN)


### Ballrachd nan aonadh ciùird—Cinnidheachd agus gnè

Ann an 2009, bha 27% de luchd obrach na RA nam buill de aonadh ciùird. Tha an ìre de bhallrachd ag atharrachadh a-rèir cinnidheachd agus gnè.



### Ballrachd nan aonadh ann am Breatainn (2010)

B'ann san Ear Thuath a bha an ìre as àirde de bhallrachd, le 35.4% nam ball dèidh na sgìre seo, bha A' Chuimrig, le 32.1% nam ball. Bha ballrachd san Iar Thuath aig 32.1% agus aig 31.8% ann an Alba. Ann an sgìrean eile de Bhreatainn, bha eadar-dhealachadh mòr ann a thaobh ìre ballrachd le aonadh. Bha an àireamh a bu luga de luchd obrach an Ear Dheas nam ball de aonadh ciùird.





[Tionndaidh an duilleag

## CEIST 1 (b) (A' LEANTAINN)

### Tuarasdal & Cosnadh

Tha e na amas aig aonaidhean ciùird piseach a thoirt air tuarasdal. A bharrachd air a seo, tha iad ag amas air an eadar-dhealachadh pàigheidh eadar an fheadhainn a tha nam buill agus an fheadhainn nach eil, a chumail aig an aon ire.



A' cleachdadh am fiosrachadh bhon bheileag "**Aonaidhean Ciùird fon Phrosbaig**", a-mhàin, dè na co-dhùnайдhean gum faodar tighinn mu aonaidhean ciùird ann am Breatainn?

Feumaidh tu co-dhùnadh a **dheànamh** agus a **dhòn** mu gach aon de na cinn a leanas:

- An atharrachadh ann am ballrachd aonaidhean taobh a-staigh gnìomhachasan traidiseanta.
- An ceangal eadar gnè agus ballrachd de aonaidhean thar gach cinnidheachd.
- An ceangal eadar cion-obrach ann an sgìrean, agus ballrachd de aonaidhean ann an sgìrean.
- Cho soirbheachail sa tha aonaidhean ann a bhith a' cumail diofar phàigheadh aig feadhainn a tha nam buill agus feadhainn nach eil.

(Sgilean Rannsachaidh , 8 comharra)

## *EARRANN 2—COMANN SÒISEALTA AG ATHARRACHADH*

### **CEIST 2**

(a) *Tha slàinte agus beartas sheann dhaoine ann am Breatainn aig ìre nach eil co-ionnan.*

Mìnich, **gu mionaideach**, an diofar anns na h-ìrean seo am measg sheann dhaoine ann am Breatainn, an **dà chuid** a thaobh slàinte **agus** beartas.


(Eòlas & Tuigse, **8** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

## CEIST 2 (A' LEANTAINN)

- (a) Thoir sùil mhionaideach air am **Fiosrachadh mu Dhùn Eildear agus Am Pàirc Teicneòlais** gu h-ìosal, agus **Stòran 1 agus 2** air **Duilleag naoi** agus freagair na ceistean a leanas.

### Fiosrachadh mu Dhùn Eildear agus Am Pàirc Teicneòlai



Tha 42,000 a' fuireach ann am baile Dhùn Eildear ann an Iar Dheas na h-Alba. O chionn dà bhliadhna, chuir Comhairle Dhùn Eildeir romhpa Pàirc Teicneòlais a thogail airson gnìomhachasan ùra a thàladh dhan bhaile. Ach, tha an làrach fhathast falamh. Airson gnìomhachasan a bhrosnachadh gus stèidheachadh ann, tha taic airgid ri fhaotainn:

Bliadhna 1 – £1·5 millean  
 Bliadhna 2 – £1·0 millean  
 Bliadhna 3 – £1·0 millean  
 Bliadhna 4 – £0·5 millean

- Sna beagan bhliadhnaichean a dh'halbh, tha am baile air fulang le àireamh àrd de dhaoine gun obair. Mar sin, tha mòran dhaoine saor airson obair a dhèanamh ach chan eil iad uabhasach sgileil idir.
- Tha 3 companaidhean mar thà sa Phàirc Teicneòlas. 'S e aon dhiubh companaidh choimpiutaran a tha an sàs ann an prògraman bathar-bog a dhèanamh. De na dhà eile, tha aon a' deànamh bùird a bhios air am blàthachadh leis a' ghrian, agus tha am fear eile a' dèanamh lannan airson Turbine Gaoithe. Tha an dà ghnìomhachas seo cudromach a thaobh cumhachd ath-nuadhachail.
- Tha 8 sgoiltean bun agus 2 sgoil àrd anns a' bhaile. Tha a' chomhairle ionadail air tòrr airgid a chosg orra seo agus tha iad a-nis a' tabhann foghlam a tha fior mhath. Chan eil oilthigh faisg air làimh ach tha colaiste sa bhaile a tha gu sònraichte a' tabhann cùrsaichean tuathchanas fearainn.
- San fharsaingeachd, tha goireasan, leithid bùthan, ionadan spòrs is eile, math. Tha 3 mòr-bhùthan ann agus ann am meadhan a' bhaile, tha iomadh sràid ann a tha saor bho charbalダン rathaid, far am faodar a dhol air feadh nam bùithean. Ann an sgìre ionadail, tha taigh dealbh le iomadh sgàilean, grunnan thaighean-bidhe agus dà raon goilf. Chaidh cruinneachadh de thaighean mòra spaideil a thogail 3 mile taobh a-muigh a' bhaile. Tha iad seo a-nis gan reic aig prìs nas isle air sàillibh suidheachadh duilich na h-eaconomaidh.

#### Taghadh de stataistiogan air slàinte

- |  | Dùn Eildear | Alba |
|--|-------------|------|
| Daoine a tha a' smocadh                    | 27%         | 27%  |
| Daoine a tha ag òl cus deoch-làidir        | 11%         | 12%  |
| Leanabhan air am breith le cudtrom ìosal   | 2·3%        | 2·6% |
| Daoine nach eil a' dèanamh eacarsaich idir | 45%         | 38%  |

#### Dùn Eildear

#### Alba

## CEIST 2 (a) (A' LEANTAINN)

### Clàrachas de bheachd a' phobaill

Ceist: Dè cho cudromach sa tha na rudan a leanas a thaobh dion na h-àrainneachd?

Gniomh	Eu-cudromach	Chan eil ro chudromach	Meadhanach cudromach	Uabhasach cudromach
Tuilleadh còmhachd-dealachaидh san dachaigh	12%	39%	34%	15%
Tuilleadh cumhachd-niuclasach	11%	27%	38%	24%
Tuilleadh cumhachd-ath-nuadhachail	15%	37%	35%	13%
Nas lugha truilleadh san eadhar	10%	25%	40%	25%

[Tionndaidh an duilleag

## **CEIST 2 (b) (A' LEANTAINN)**

Tha dà chompanaidh air taghraidhean a chur a-steach airson an làrach mu dheireadh aig a' Phàirc Teicneòlais. Tha Stòran 1 agus 2 a' toirt seachad fiosrachadh mun dà chompanaidh.

### **STÒR 1**

#### **Facal bhon neach leis a bheil Wave Power Systems**

Tha an companaidh agamsa a' dèanamh uidheamachd sònraichte a tha a' cruthachadh dealain bho ghluasad nan tonn sa mhui. Feumaidh am factaraidh againn dòigh air faighinn chun na mara, airson gum faigh sinn ar stuth a dhearbhadh agus a ghiùlan bho àite gu àite.

Bidh goireasan spòrs agus eacarsaich anns am factaraidh airson an luchd obrach. Bidh seo cuideachd fosgailte do mhuinntir na sgìre, agus brosnaichidh seo iad gus barrachd eacarsaich a dhèanamh.

Ann an roinn cumhachd ath-nuadhachail, tha Wave Power Systems air thòiseach air chàch. Cuidicheadh ceangal dlùth le oilthigh faisg air làimh le ar rannsachadh agus bhiodh seo glè chudromach airson ar soirbheachas san àm ri teachd.

Bhiodh aonad rannsachaidh sa factaraidh ann an Dùn Eildear. Airson seo a thoirt gu buil, dh'fheumamaid cò-obrachadh le co-dhiù 2 chompanaidh ionadail eile a bhiodh an sàs ann an cumhachd ath-nuadhachail.

Bu chòir dhan chompanaidh agamsa an làrach seo fhaighinn, o chionns gu bheil muinntir an àite ag aontachadh gur e cumhachd ath-nuadhachail an rud as cudromaiche a thaobh dòn na h-àrainneachd.

### **STÒR 2**

#### **Facal bhon neach leis a bheil Earth Save Insulations**

Cruthaichidh an companaidh agamsa 150 obair ùr, a' mhòr-chuid dhiubh a bhios freagarrach do dhaoine aig nach eil ach ire glè iosal de sgilean. Bheir sinn dhaibh trèanadh airson an obair a thathar a' sùileachadh bhuapa.

Cruthaichidh am factaraidh tòrr teas agus cleachdaidh sinn seo airson taighean ùra sam bith a tha gan togail san sgìre, a bhlàthachadh. Bidh seo math dhan àrainneachd agus do mhuinntir an àite cuideachd.

Airson cosgaisean am factoraidh ùra a ghiùlan, dh'fheumadh an companaidh agam, co-dhiù, £5 millean de thaic airgid taobh a-staigh a' chiad 5 bliadhna.

Bidh ar sgioba-stiùridh a' gluasad gu Dùn Eildear airson am factaraidh a stèidheachadh. Cha għluais iad dhan sgìre nas lughha na tha de thaighean rim faighinn aig prìs reusanta.

Tha an companaidh agamsa ag ath-nuadhachadh seann phlastaig agus ga chleachdadh mar còmhda-ch-dealachaidh airson taighean. Bu chòir dhuinne an làrach fhaighinn o chionns gu bheil muinntir Dhùn Eildeir ag aontachadh gur e seo an rud as cudromaiche a thaobh a bhith a' dòn na h-àrainneachd.

## CEIST 2 (b) (A' LEANTAINN)

A' cleachdadh am **Fiosrachadh mu Dùn Eildear agus am Pàirc Teicneòlais**, air duilleag ochd agus **Stòran 1 agus 2** gu h-àrd **a-mhàin**.

- (i) Ainmich **an companaidh** a tha thusa a' smaointinn a **bu fhreagarraiche** airson a thogail air an làrach mu dheireadh ann am Pàirc Teicneòlais Dhùn Eildeir.
- (ii) Thoir seachad **trì adhbhair mhionaideach** airson taic a chur ri do roghainn.
- (iii) Thoir seachad **dà adhbhar mhionaideach** ag innse carson a dhiùlt thu an companaidh eile.

Nad fhreagairt, **feumaidh tu ceangal** le "Fiosrachadh mu Dùn Eildear agus am Pàirc Teicneòlais" agus am fiosrachadh mun dùa chompanaidh.

(Sgilean Rannsachaidh, **10** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

## EARRANN 3—IDEOLOGY

### CEIST 3

Freagair **aon** earrann a-mhàin:

Earrann (A)—Na SA air duilleagan *aon deug gu ceithir deug*

**NO** Earrann (B)—Sìona air duilleagan *còig deug gu ochd deug*

(A) **Na SA**

(a) *Tha iomadh dòigh anns an urrainn do mhuinnitir Ameireaga pàirt a ghabhail ann am poileataigs.*

**A thuilleadh air bhòtadh**, mìnich, **gu mionaideach**, na dòighean anns an urrainn do mhuinnitir Ameireaga pàirt a ghabhail ann am poileataigs.

Nad fhreagairt, **feumaidh tu** eisimpleirean Ameireaganach a chleachdad.

(Eòlas & Tuigse, **8** comharra)

### CEIST 3 (A) (A' LEANTAINN)



Chaidh iarraidh ort dà chùis rannsachaidh a dhèanamh.  
**Tha a' chiad chùis rannsachaidh air a' chuspair a tha sgrìobhte sa bhocsu gu h-iosal.**

#### Obair cosnaidh sna SA

A-nis, freagair ceistean (b) agus (c) a leanas.

- (b) Ainmich **beachd-bharail** iomchaidh airson do chùis rannsachaidh.

(Sgilean Rannsachaidh, 2 chomharra)

- (c) Thoir seachad **dà amas** a chuidicheas tu gus do bheachd-bharail a dhearbadh no eu-dhearbhadh

(Sgilean Rannsachaidh, 2 chomharra)

**[Tionndaidh an duilleag**

## CEIST 3 (A) (A' LEANTAINN)



**Tha an dàrna cùis rannsachaidh air a' chuspair  
a tha sgrìobhte sa bhocsu gu h-iosal.**

### Cùram Slàinte sna SA

A-nis, freagair ceistean (*d*) agus (*e*) a leanas.

- (*d*) Tha thu air roghainn a dhèanamh ceisteachan a chur gu do charaidean a tha a' fuireach ann am Baile Rockford.

Seo leth-bhreac dhen cheisteachan a tha thu an dùil a chur. **Leugh e gu faiceallach.**

### CÙRAM SLÀINTE SNA SA

Far a bheil roghainn, cuir cearcall timcheall air do fhreagairt.

#### Ceist 1

Cò am buidheann dham buin thu?

Geal      Dubh      Spàinnteach      Innseachan      Ameireaganach      Tùsannach      Eile

#### Ceist 2

Dè an aois a tha thu?

Fo 15      15–30      30–50      50–70      70 no nas sine

#### Ceist 3

Dè cho riaraichte sa tha thu le siostam slàinte nan SA?

Uabhasach	Uabhasach			
Riaraichte	Riaraichte	Mì-riaraichte	Mì-riaraichte	Mì-chinnteach

#### Ceist 4

Carson a tha tha thu dhen bheachd nach bu choir do in-imrichean mì-laghail cùram slàinte fhaighinn?

---

---

---

#### Ceist 5

Nam biodh lagh ùr ann a bha a' ciallachadh gum feumadh gach Ameireaganach àrachas slàinte a bhith aca, an toireadh tu taic dhan a leithid?

Bheireadh      Cha toireadh      Mì-chinnteach

### **CEIST 3 (A) (d) (A' LEANTAINN)**

An dèidh dhut coimhead thairis air do cheisteachan leis an tidsear agad, chaidh innse dhut gu bheil **dhà** dhe na ceistean air am faighneachd ann an dòigh nach eil grinn gu leòr.

Sònraich an **dà** cheist **nach eil grinn gu leòr**, agus an uairsin, minich, **gu mionaid each**, carson a dh'fheumas gach ceist a bhith air atharrachadh.

(Sgilean Rannsachaiddh, **4** comnharra)

[Tionndaidh an duilleag

### CEIST 3 (A) (A' LEANTAINN)

(e) Chuir aon dhe do chàirdean an clàr seo an cois na ceisteachain a thill iad thugad.

Dè cho draghail sa tha thu gun dean atharrachadh air siostam cùram slàinte . . .	Uabhasach draghail %	Meadhanach draghail %	Chan eil ro dhraghail %	Coma %	Mi-chinnteach %
. . . lùghdachadh san ire cùram a gheibh thu?	57	23	10	9	1
. . . lùghdachadh sna rudan a tha san àrachas slàinte agad?	55	26	9	9	1
. . . àrdachadh ann an cosgaisean do shlàinte?	62	22	9	7	0
. . . lùghdachadh air na roghainnean a th'agad a thaobh dotair agus modh-leighis?	56	23	12	8	1
<b>Barail an t-sluaigh, a-rèir agallamh fòn, le 1000 inbheach bho air feadh na dùthcha, aois 18+, 6mh An Ceitean 2011, sna SA an-diugh.</b>					

Thoir seachad aon adhbhar mionaideach, ag innse carson a tha an clàr gu h-àrd **na dheagh stòr**, airson do chuideachadh le do rannsachadh.

(Sgilean Rannsachaidh, 2 chomharra)

### NIS THEIRIG GU CEIST 4 AIR DUILLEAG NAOI DEUG

### **CEIST 3 (A' LEANTAINN)**

#### **(B) Siona**

- (a) *Tha iomadh dòigh anns an urrainn do mhuinntir Shiona pàirt a ghabhail ann am poileataigs.*

**A thuilleadh air bhòtadh,** mìnich, **gu mionaideach,** na dòighean anns an urrainn do mhuinntir Siona pàirt a ghabhail ann am poileataigs.

Nad fhreagairt, **feumaidh tu** eisimpleirean Sìonach a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, **8** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

### CEIST 3 (B) (A' LEANTAINN)



Chaidh iarraidh ort **dà** chùis rannsachaidh a dhèanamh.  
**Tha a' chiad chùis rannsachaidh air a' chuspair a tha sgrìobhte sa bhocs a gu h-iosal.**

#### **Obair cosnaidh ann an Siona**

Nis, freagair ceistean (b) agus (c) a leanas.

- (b) Ainmich **beachd-bharail** iomchaidh airson do chùis rannsachaidh.

(Sgilean Rannsachaidh, **2** chomharra)

- (c) Thoir seachad **dà** amas a chuidicheas tu gus do bheachd-bharail a dhearbadh no eu-dhearbadh.

(Sgilean Rannsachaidh, **2** chomharra)

### CEIST 3 (B) (A' LEANTAINN)



Tha an dàrna cùis rannsachaidh air a' chuspair a tha sgrìobhte sa bhocs a gu h-iosal.

#### Cùram Slàinte ann an Siona

A-nis, freagair ceistean (d) agus (e) a leanas.

- (d) Tha thu air roghainn a dhèanamh ceisteachan a chur gu do charaidean a tha a' fuireach ann an Shanghai, Siona.

Seo leth-bhreac dhen cheisteachan a tha thu an dùil a chur. **Leugh e gu faiceallach.**

### CÙRAM SLÀINTE ANN AN SIONA

Far a bheil roghainn, cuir ceartcall timcheall air do fhreagairt.

#### Ceist 1

Cò am buidheann dha buin thu?

Han      Zhuang      Manchu      Hui      Uyghur      Other

#### Ceist 2

Dè an aois a tha thu?

Fo 15      15–30      30–50      50–70      70 no nas sine

#### Ceist 3

Dè cho riaraichte sa tha thu leis an siostam slàinte ann an Siona.

Uabhasach	Uabhasach			
Riaraichte	Riaraichte	Mì-riaraichte	Mì-riaraichte	Mì-chinnteach

#### Ceist 4

Carson a tha tha thu dhen bheachd nach bu chòir do in-imrichean mì-laghail cùram slàinte fhaighinn?

---

---

---

#### Ceist 5

Nam biodh lagh ùr ann a bha a' ciallachadh gum feumadh gach Sionach àrachas slàinte a bhith aca, an toireadh tu taic dhan a leithid?

Bheireadh      Cha toireadh      Mì-chinnteach

[Tionndaidh an duilleag

### **CEIST 3 (B) (d) (A' LEANTAINN)**

An dèidh dhut coimhead thairis air do cheisteachan leis an tidsear agad, chaidh innse dhut gu bheil **dhà** dhe na ceistean air am faighneachd ann an dòigh nach eil grinn gu leòr.

Sònraich an **dà** cheist **nach eil grin gu leòr**, agus an uairsin, mìnich, **gu mionnaideach**, carson a dh'fheumas gach ceist a bhith air atharrachadh.

(Sgilean Rannsachaidh, **4** comharra)

### CEIST 3 (B) (A' LEANTAINN)

(e) Chuir aon dhe do chàirdean an clàr seo an cois na ceisteachain a thill iad thugad.

Dè cho dòchasach sa tha thu, sam àm ri teachd, gun dèan siostam cùram slàinte . . .	Uabhasach Dòchasach %	Meadhanach dòchasach %	Chan eil ro dhòchasach %	Eu- dòchasach %	Mi- chinnteach %
... piseach sa chùram slàinte a tha thu a' faighinn?	57	23	10	9	1
... àrdachadh san dùil-beatha agad?	55	26	9	9	1
... an cùram slàinte a tha thu a' faighinn a thoirt gu ire rèidh?	62	22	9	7	0
... gum bi barrachd roghainn agad a thaobh dotair agus modh-leighis?	56	23	12	8	1
<b>Barail an t-sluaigh, a-rèir agallamh fòn, le 1000 inbheach bho air feadh na dùthcha, aois 18+, 6mh An Ceitean 2011, ann an Sìona an-diugh.</b>					

Thoir seachad aon adhbhar mionaideach, ag innse Carson tha an clàr gu h-àrd **na dheagh stòr**, airson do chuideachadh le do rannsachadh.

(Sgilean Rannsachaidd, 2 chomharra)

### NIS THEIRIG GU CEIST 4 AIR DUILLEAG NAOI DEUG

## *EARRANN 4—CÀIRDEAS EADAR-NÀISEANTA*

### **CEIST 4**

(a)

#### **Poileasaidhean an Aonadh Eòrpaich**

<b>Leudachadh Ballrach</b>	<b>Poileasaidh Choitcheann Iasgaich</b>	<b>Cobhair gu na Sgìrean</b>	<b>Feachd Dòn Eòrpach</b>	<b>Poileasaidh Choitcheann Tuathchanas Fearainn</b>	<b>Airgid Singilte na h-Eòrpa</b>
--------------------------------	---	----------------------------------	-----------------------------------	---	---

Tagh **dhà** dhe na poileasaidhean gu h-àrd.


Airson **gach** poileasaidh, mìnich, **gu mionaideach**, na dòighean anns a bheil iad a' cuideachadh gus feumalachdan dhùthchannan a tha nam buill a choileanadh

(Eòlas & Tuigse, **8** comharra)

#### CEIST 4 (A' LEANTAINN)

- (b) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-iosal, agus freagair na ceistean a leanas.

**Stòr 1**  
**Caraidean-malaire Libia—6 dùthchannan as mothà a bhios**  
**a' ceannach bathar bho Libia.**



**Stòr 2**  
**Libia agus a caraidean-malaire—**  
**Teachd a-steach gnàthach dolairean na SA**

Dùthaich	2000	2009
An Fhraing	22,500	32,900
A' Ghearmailt	23,100	35,000
An Eadailt	19,300	31,500
An Spàinn	14,400	34,700
Na SA	34,600	47,100
Libia	6500	14,800

[Tionndaidh an duilleag

#### **CEIST 4 (b) (A' LEANTAINN)**

Dhe na caraidean-malairt aig Libia, 's i An Fhraing a tha air an àrdachadh as mothà fhaicinn ann an teachd a-steach ghnàthach. 'S e cuideachad an dùthaich as mothà a tha a'malairt le Libia, aig a bheil an teachd a-steach gnàthach as mothà san dà bhliadhna.

Beachd Darren McCourt

A' cleachdadh am fiosrachadh gu h-àrd **a-mhàin** thoir seachad **aon** adhbhar **taic** a thoirt do Darren McCourt, agus **aon** adhbhar airson a dhol **na aghaidh**.

(Sgilean Rannsachaidh, **4** comharra)

[Tionndaidh an duilleag


## CEIST 4 (A' LEANTAINN)

- (c) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-iosal agus an duilleag mu choinneamh, an uairsin, freagair na ceistean a leanas.

**Stòr 1**

<b>Inbhich (15–49) air a bheil HIV/AIDS (%)</b>		
<b>Dùthaich Afraganach</b>	<b>2003</b>	<b>2008</b>
Botsuana	23·6	23·9
Etiòpia	4·3	2·1
Leasoto	23·5	23·2
Swaziland	32·5	26·1
Zimbabwe	22·1	15·3

**Àireamh sluaigh a tha beò ann am bochdainn (%)**



**Stòr 2**

### Foghlam—Dè cho math sa tha cùisean ann an Afraga?

Tha UNESCO a' gealltainnn Dùthchannan Afraganach a chuideachadh leis an iomairt aca "Literacy Decade". Ach, tha iad ag ràdh gu bheil adhartas mòr fhathast a dhìth ann an Afraga, le aon a-mach a còignear fhathast gun chomas leughaidh no sgrìobhaidh.

Tha buaidh air a bhith aig an suidheachadh èiginn ann am Zimbabwe air buidseatan foghlaim o chionn beagan bhliadhnaichean. Chan eil e comasach dhaibh tidsearan gu leòr a lorg a theagaisgeas sna sgoiltean aca.

Tha riaghaltas Leasoto air gealltanais a shealltainn ri foghlam. Ann an 2003, chosg iad 11% dhen GDP aca air foghlam, ach ann an 2008, bha seo air a dhol suas gu 13%. Tha seo air buaidh mhath a thoirt air an ire litearrais.

Ann am Botswana, tha ire litearrais air a dhol bho 80% gu 84% bho 2003. Faodaidh gach pàist ann an Botswana sùileachadh a dhol dhan sgoil airson dusan bliadhna. Tha Swaziland, dùthaich far a bheil HIV/AIDS na thrioblaid mhòr, air an àireamh aig a bheil comas leughaidh agus sgrìobhaidh a dhol suas bho 74% ann an 2003 gu 81% ann an 2008. Tha an suidheachadh ann an Etiòpia an aon rud ri mòran dhen chòrr de dh' Afraga, a thaobh's gu bheil an àireamh le comas leughaidh agus sgrìobhaidh air a dol am meud, ged nach eil e fhathast co-ionnan ri dùthchannan leasaichte.


## CEIST 4 (c) (A' LEANTAINN)

### Stòr 3

#### Fiachan ri dùthchannan cèin (Milleanan dolar na SA)

Dùthach Afraganach	2003	2008
Botsuana	392	422
Etiòpia	4400	3100
Leasoto	507	619
Swaziland	357	554
Zimbabwe	3400	5300

#### Cobhair air fhaighinn gu h iomlan (Milleanan de dhollairean)



Tha e follaiseach gu bheil àrdachadh ann an cobhair a' lùghdachagh bochdainn ann an dùthchannan Afraganach. Tha e cuideachd fior nach eil na dùthchannan le fiachan a tha a' dol an àrd, comasach air piseach a thoirt air trioblaid le HIV/AIDS. A dh'aindeoin's na trioblaidean seo, tha piseach air tighinn air foghlam ann an dùthchannan Afraganach.

Beachd Ruby McClay

Minich, **gu mionaideach**, an **ire gu am faodar a ràdh** gu bheil Ruby McClay a' taghadh as an fhìrinn.

Cleachd Stòran 1, 2 agus 3 gu h-àrd agus mu choinneimh, **a-mhàin**.

Nad fhreagairt, bu choir dhut:

- Mìneachadh, **gu mionaideach**, carson a tha **gach** beachd bho Ruby McClay ceart no céarr.
- Tighinn gu co-dhùnadh **iomlan**, air **an ire** gu bheil Ruby McClay **a' taghadh as an fhìrinn**.

(Sgilean Rannsachaidh, 8 comharra)

[CRIOCH A' PHÀIPEIR CHEIST]

**[DUILLEAG FHALAMH]**